

**Comataidh Inbhean MG ALBA**

Oifisean MG ALBA, Steòrnabhagh

5/2/20, 1030-1430

Dreach geàrr-chunntas

**Buill:** Iain Stephen Moireasdan (sa Chathair) Lisa Annette  
Ailean Dòmhnallach

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (An t-Àrd-Oifigear)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair)  
Ealasaid Dhòmhnallach (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)  
Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail geàrr-chunntas)

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis)  
Norrie MacIlinein (Àrd Neach-deasachaidh Naidheachdan Gàidhlig)  
Shona NicEanraig (Leas Neach-deasachaidh Naidheachdan Gàidhlig) [air fòn]

Chaidh fàilte a chuir air Lisa Annette chun chiad choinneamh aice mar bhall ùr. Chaidh cuideachd fàilte a chuir air Ealasaid Dhòmhnallach, Stiùiriche ùr Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh na buidhne.

Chaidh na leanas a chomharrachadh: a) nach robh e comasach do Rhoda NicDhòmhnail, ball ùr, a bhith an làthair aig a' choinneamh seo; b) gu bheil Marion Nic na Ceàrdaich a-nis a' gluasad gu Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus chaidh taing a thoirt dhith son a h-ùine air Comataidh Inbhean; agus c) bho seo a-mach bidh Màiri Kidd a' gluasad bho Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh gu Comataidh Inbhean.

**1. Leisgeulan**

1.1 Jo NicDhòmhnail.

**2. Gnothach Dearbhte**

2.1 Iain Stephen Moireasdan – a' gabhail pàirt san ath shreath de *Leugh Mi*, maoinichte leis a' BhBC.

### **3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 8/11/19**

3.1 Aontaichte.

### **4. Gnothaichean ag èirigh**

4.1 (5.2) Rinn an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd aithris air adhartas le còmhraidhean mu mhodailean eaconamach na roinne neo-eisimeilich. Leis a' ghluasad a tha a' tachairt gu bhith a' coimiseanadh barrachd stuthan goirid, agus an fheum air modailean coimiseanaidh ùra, chaidh innse gun deach seo a thogail le TRC agus le Cathraiche am Buidheann-obrachaidh Telebhisein. Ged nach eileas air freagairt fhaighinn bhon bhuidheann-obrachaidh chun seo, cumar na còmhraidhean a' dol gus tomhas a dhèanamh air dè cho deiseil 's a tha companaidhean airson gnothaichean ioma-ùrlair agus stuthan goirid a chruthachadh. Ged a tha PACT air a' bhuidheann-obrachaidh, thèid còmhradh a chumail leotha fa leth gun fhios nach eil rannsachadh aca a bhiodh feumail.

4.2 (6.2) A thaobh an t-seirbheis naidheachdan a thathas a' faighinn bho Press Data agus a bhith a' cumail buill fiosraichte, chaidh innse gu bheil obair a' leantainn air an seo agus gum bi cùisean air an rèiteachadh ro dheireadh na mìos. (Gnìomh: EMD)

4.3 (10.4) A thaobh dràma chaidh innse gu bheil cuairt leasachaidh a' dùnadh aig deireadh a' Ghearain. An dèidh sin, bidh fios againn dè an t-slighe air adhart agus chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a bha e gu robh Sgrion Alba timcheall a' bhùird le MG ALBA. Bidh fiosrachadh mu dhràma, le na gnèithean eile a tha an cois ro-innleachd ioma-ùrlair na seanail, am broinn pàipear a bhios a' dol chun bhùird sa Mhàirt.

4.4 (11.4) Chaidh innse gu bheil pàipear ga ullachadh airson a' Mhinistear airson Eaconamaidh Didseatach co-cheangailte ri ro-innleachd Youtube.

### **5. Dèanadas BBC ALBA agus na Meadhanan Sòisealta – suas gu deireadh an Dùbhlachd 2019**

5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh nan raointean-obrach a leanas: BBC ALBA; na meadhanan didseatach; Lèirsinn 2021; trèanadh, sgilean & tàlant agus luchd-amais.

5.2 A thaobh tuiteam ann an ruigse BBC ALBA an lùib luchd-coimhid le Gàidhlig, chaidh ceist a chuir mu dè an taic a bha a dhìth gus seo a lùghdachadh. Chaidh innse gu bheil e soilleir gu bheil feum air tachartasan beò agus spòrs beò agus gu feumar a bhith a' neartachadh gnèithean sam bith a tha a' toirt buaidh air an luchd-amhairc. Chaidh innse gu bheil tachartasan beò, a thuilleadh air stuthan didseatach, ionnsachadh agus dràma goirid, a' ruith mar chnàimh-droma taobh a-staigh an tagradh a tha ga dheasachadh airson an riaghaltais.

- 5.3 Le fios càite bheil na beàrnan agus far a bheil taic a dhith, feumar maoinachadh fhaighinn son na beàrnan sin a lìonadh.
- 5.4 Chaidh innse gum bithear a' coinneachadh le TRP airson coinneamh bliadhnail far an tèid còmhradh a chumail mu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheileas a' glacadh agus a' dèanamh nas urrainn a thaobh susbaint BBC ALBA thar ùrlair agus thar inneil.
- 5.5 Chaidh iomradh a thoirt gur ann tro phasgan an dòigh as èifeachdaich an susbaint a dh'fheumas, fhaighinn.
- 5.6 Chaidh ceist a chuir an robh adhbhar dragh ann gu robh an t-seirbheis loidhneach a' dol sìos ma tha taobh ioma-ùrlair a' dol suas. Chaidh a ràdh gu bheil àite cudromach fhathast ann an àrainneachd susbaint do sheanail loidhneach, gu bheil seirbhis sònraichte ga lìbhrigeadh a thaobh tachartasan beò, spòrs agus naidheachdan, agus cuideachd gu bheil inbhe seanail loidhneach gu seach àraid cudromach ann an suidheachadh mion-chanain.

## **6. Clàr-obrach na Comataidh 2020/21**

- 6.1 Le feum air clàr-obrach aontachadh aig coinneamh a' Chèitein, bha dreach chlàr air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 7.1 Chaidh innse gun deach iomradh a thoirt air dleasan nan comataidhean taobh a-staigh aithisg Wylie & Bisset air Èifeachdas a' Bhùird (a chaidh a dheasbad air Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 4/2/20). Ri linn àrainneachd sìor-atharrachadh a' bhùird, chaidh deasbad a chumail an robh an t-àm ann gun dèanadh am bòrd (seach na comataidhean a' dèanamh fèin-sgrùdaidh) lèirmheas oifigeil air dleasan nan comataidhean gus dèanamh cinnteach gu bheil iad iomchaidh airson na buidhne ann an 2020 agus air adhart. Chaidh cuideachd beachdachadh an robh an t-àm ann barrachd uallach gnothachais a thoirt do Chomataidh Inbhean.
- 6.2 Ri linn 's gu faodadh seo buaidh a thoirt air clàr-obrach na comataidh, chaidh aontachadh gum biodh e iomchaidh nach deigheadh a) an aithisg bho W&B a sgaoileadh air buill na comataidh gus cothrom a thoirt dhaibh, gu h-àraidh buill ùra, beachdachadh air; b) gun deigheadh coinneamh fòn a chumail leis a' chomataidh gus an aithisg a dheasbad. Bhiodh seo a' ciallachadh an uair sin gum bi an aithisg a nochdas air beulaibh a' bhùird sa Mhàirt nas coileanta. (Gnìomh: MAMI)

## **7. Ro-innleachd Ioma-ùrlair le fòcas air Youtube**

- 7.1 An cois lìbhrigeadh ro-innleachd ioma-ùrlair BBC ALBA, tha leasachadh làthaireachd YouTube BBC ALBA agus bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh nam prionnsabalan air cùlaibh an ro-innleachd agus chaidh deasbad a chumail.
- 7.2 Thuirt Cathraiche a' Bhùird ged nach robh trioblaid aige leis an sgioba a bhith a' dèanamh obair ullachaidh, gun deach aontachadh aig coinneamh bùird na Samhna a) còmhraidhean fhosgladh mu bhith a' sireadh taic ionmhasail, mar eisimpleir bhon riaghaltas, sa bhad; b) thèid cumail a' dol leis an obair deasachaidh a bha a' dol ach gun a dhol poblach leis an iomairt aig an ìre seo agus c) leasachadh a dhèanamh air ro-innleachd fhad-ùine agus gun till fios chun bhùird aig no ro an ath choinneimh.
- 7.3 Dhaingnich e às aonais plana ro-innleachd soilleir fàd ùine (mar a chaidh a mholadh taobh a-staigh an aithisg a fhuaras ann an sgrùdadh in-thaigh a thaobh Èifeachdas a' Bhùird) nach robh am bòrd deònach cùisean a ghluasad air adhart agus nach robh e ceadaichte gum bi dad air aontachadh gus an tig pàipear mar a chaidh iarraidh air ais chun bhùird.
- 7.4 Chaidh argamaid a dheanamh gu bheil ro-innleachd an cois nam planaichean airson na h-iomairt seo a leasachadh agus gu robh feum air gluasad air adhart gu maith an luchd-coimhid agus gur e seo a thèid a mholadh aig coinneamh Bòrd na Co-bhanntachd air 19/2/20.
- 7.5 Thuirt Cathraiche a' Bhùird ged nach robh e an aghaidh gluasad air cuid dheth seo cha bhiodh e comasach gluasad air adhart gun aonta a' bhùird.
- 7.6 Dh'fhaighnich oifigearan cò eile air an robh am bòrd a' cur feum agus leugh Cathraiche a' Bhùird a-mach liosta de cheistean a chuir e ann am p-dealain chun Àrd-Oifigeir san Dùbhlachd 2019 agus thug e seachad leth-bhreacan do na h-oifigearan.
- 7.7 Fhreagair an t-Àrd-Oifigear gu robh na ceistean sin gam freagairt gu nàdarrach ann an diofar phìosan obrach a bha co-cheangailte ris an iomairt seo agus gun robh an obair a chaidh a dhèanamh gu ruige seo adhartach ann an iomadach dòigh agus gu math fada air thoiseachd.
- 7.8 Thuirt an t-Àrd-Oifigear cuideachd gu robh iomadach taobh air an obair a bha seo, a' gabhail a-steach leithid eaconamaidh didseatach, argamaidean airson obraichean agus maith an luchd-coimhid agus gur ann tro ùine a thigeadh na freagairtean uile ri chèile.
- 7.9 Chaidh aontachadh pàipear a chuir chun bhùird sa Mhàirt. (Gnìomh: IMT)

## **8. Trèanadh**

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh na h-iomairtean trèanaidh san robh am buidheann an sàs.
- 8.2 Chaidh fàilte a chuir air na h-adhartasan, gu h-àraidh le Foundation Apprenticeships.

- 8.3 Chaidh innse gu bheil airgead aig Bòrd na Gàidhlig a thaobh trèanadh Gàidhlig a dh'fhaodadh a bhith na thaic.
- 8.4 Thèid beachdachadh air a bheil feum air a bhith a' coimhead ri feumalachdan trèanaidh didseatach airson companaidhean didseatach.

## **9. FilmG**

- 9.1 Bha pàipear le fiosrachadh air dèanadas FilmG air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 9.2 Chaidh fàilte a chuir air an àireamh a b' àirde riamh de dh'fhilmichean sa cho-fharpais.
- 9.3 **[Fios glèidhte]**
- 9.4 Chaidh innse gum bi coinneamh ga chumail agus sgrùdadh ga dhèanamh an dèidh cuirm nan duaisean air 14/2/20 gus cùisean a dheasbad.
- 9.5 Chaidh moladh a dhèanamh air obair CGS airson an obair a rinn iad an co-fharpais fhaighinn chun na h-ìre seo leis an àireamh a b' àirde fhathast de chom-pàirtichean.

## **10. Buaidh eaconamach MG ALBA**

- 10.1 Leis gu bheil maoin gann, agus aire riaghaltasan air luach an eaconamaidh didseatach, tha e riatanach beachdachadh air luach in-ionmhas MG ALBA agus nam meadhanan Gàidhlig san fharsaingeachd, agus an dòigh as fheumaile am measadh sa cho-theacsa sin.
- 10.2 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh mar a thathas air buaidh eaconamach in-ionmhas MG ALBA agus nam meadhanan Gàidhlig a thomhas gu ruige seo, agus air na slatan-tomhas ùra a dh'fhaodadh a bhith feumail sa cho-theacs seo.
- 10.3 Le Stiùiriche ùr Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh air a fastadh, chaidh aontachadh tilleadh chun phuing seo, mar phrìomhachas, às dèidh don Stiùiriche ùr beachdachadh air cùisean. (Gnìomh: EMD)

## **11. Naidheachdan**

- 11.1 Ri linn crìonadh ann an àireamhan luchd-coimhid An Là chaidh sgrùdadh mionaideach a dhèanamh le TRP ann an 2019 air cleachdaidhean an luchd-coimhid a thaobh An Là, naidheachdan Gàidhlig agus naidheachdan san fharsaingeachd.
- 11.2 Chaidh coimhead air seo gu mionaideach aig coinneimh mu dheireadh na comataidh far an cualas cuideachd bho eòlaiche bhon Rannsachadh Luchd-amhairc a' BhBC Audience Research.

- 11.3 Bha Àrd Neach-deasachaidh Naidheachdan Gàidhlig an làthair, agus Leas-neach-deasachaidh Naidheachdan air a' fòn gus barrachd a ràdh mu phlanaichean airson an t-seirbheis a neartachadh.
- 11.4 Chaidh taisbeanadh a thoirt seachad far an deach innse, le luchd-chleachdaidh na naidheachdan a' sìor gluasad gu na meadhanan sòisealta air-loidhne, cho cudromach 's a bha e gu bheil na Naidheachdan Gàidhlig a' leasachadh gus am beàrn sin a lìonadh.
- 11.5 Ged a tha goireasan teann, thèid coimhead ri prìomhachasan cleachdadh luchd-obrach agus an teicneòlas as ùire a chleachdadh gus cuir ri na meadhanan sòisealta air-loidhne.
- 11.6 Chaidh deasbad a chumail mun fheum agus na planaichean a bh' aca a bhith air ùrlaran leithid Instagram.
- 11.7 Chaidh ceistean a chuir agus deasbad a chumail mu leithid poileasaidh a bhith aca airson cleachdadh fo-thiotalan ann an Gàidhlig air na pìosan air na meadhanan sòisealta agus cho cudromach 's a bha an app dha na planaichean leasachaidh a' dol air adhart.
- 11.8 Chaidh innse dhaibh gu bheil neach-comhairleachaidh an-dràsta a' dèanamh rannsachadh air feumalachdan BBC ALBA agus chaidh a ràdh gum biodh e feumail nan tachradh còmhradh eadar Naidheachdan Gàidhlig agus cathraiche na buidhne sin. (Gnìomh: DC)
- 11.9 Chaidh taing a thoirt seachad airson còmhradh cho cuideachail agus inntinneach. Chaidh taing na comataidh a thoirt dhan sgioba airson na tha iad a' cur ris an t-seirbheis agus gu robhas an dòchas gum bi iad soirbheachail le na leasachaidhean air a bheil iad ag obair.

## **12. Aithisean dèanadais Q3 2019/20**

- 12.1 Chaidh iad seo a chomharrachadh.

## **13. GISBE**

- 13.1 Cha robh gin.

## **14. Deit na h-ath choinneimh – 20/5/20**

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*